

Peadar Morgan
Language Planning Manager
Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
INBHIR NIS
IV2 7PA

a' Pheadair choir

Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig

Deagh thapadh leibh dha-rìreabh agus gu bheil sinn air cuireadh fhaighinn gus beachdan Iomairt na Gàidhealtachd a thabhainn mar phàirt dhen a cho-chomhairle air a' Phlana Nàiseanta agus an dreachd Stiùireadh do bhuidhnean poblach.

Chan eil teagamh sam bith againn gur e àm cianail fhèin cudromach tha seo dor cànan còir. Tha Bòrd na Gàidhlig fhèin air a chantainn cheana, is sibh a-mach air '2020 Air Fàire', gum bidh 'an ùine eadar seo agus a' bhliadhna 2020 cudromach airson stèidh sheasmhach a thoirt dha cànan is cultar na Gàidhlig'. Tha Iomairt na Gàidhealtachd a gabhail ris a seo gu mòr.

Mar a tha nìthean ag èirigh bho Achd na Gàidhlig; le Bòrd na Gàidhlig a-nis air cois gu foirmeil, is romhainn Plana Nàiseanta na Gàidhlig, sann a tha adhbharan dòchas mòra ann agus sinn faicinn cothroman a-nis nochdadh as ùra chan eil air a bhi againn a-riamh roimhe. Tha a èiginn air a' Phlana Nàiseanta, air Bòrd na Gàidhlig agus gach buidheann is gach duine a bhuineas don a chuis, buaidh brìgheil, èifeachdach, feumail a thoirt air a cor na Gàidhlig.

Chithear, anns na leanas, ar beachdan air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an dreachd Stiùireadh do bhuidhnean poblach, ach seo dhuibh giorrachadh air na prìomh phuingeann:

- Tha Iomairt na Gàidhealtachd toirt fàilte is taic do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus an dreachd Stiùireadh do bhuidhnean poblach
- Dh'fhaodadh a Phlana a bhi nas treasa ann beagan dòighean:
 - le sealladh fad-ùine nas dàna is nas soilleir
 - dh'fhaodadh e bhi nas simplidh le giorrachadh de Phlana
 - nas lugha de phrìomhachasan
 - tuilleadh air mar a dh'fhaodas a Ghàidhlig a chuir ri leasachadh eaconamach agus barrachd air cothroman is buannachdan tha ag èirigh bhuaipe
 - barrachd cuideam air obair rannsachaidh air suidheachadh na Gàidhlig is leasachaidhean
- Dh'fhaodadh an dreachd Stiùireadh a bhi nas soilleir agus nas simplidh airson an dà chuid: na buidhnean poblach a dh'fheumas Plana a dhealbhadh agus na Gàidheil a bhitheas a lorg seirbheisean is eile tron a' Ghàidhlig.

Sann a tha sinn a coimhead air adhart gu mòr gu bhith ag obair gu dlùth còmhla ri Bòrd na Gàidhlig. Tha mi làn dòchas gum bith am Plana Nàiseanta agus na Planaichean nan buidhnean poblach soirbheachail agus èifeachdach fhèin, is sinn coimhead air adhart gu suidheachadh ùr son a Ghàidhlig, agus i na pàirt àbhaisteach is luachmhor de bheatha làitheil air feadh Alba le bunait de choimhearsnachdan làidir air a' Ghàidhealtachd sna h-Eileanan.

Am Plana Gàidhlig Nàiseanta agus Stiùireadh do Buidhnean Poblach air Planadh Cànain

Tapadh leibh airson na litreach a chuir sibh o chionn ghoirid ag iarraidh beachdan HIE mu na dreachd phàipearan co-chomhairleachaidh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh do Bhuidhnean Poblach air planadh cànain.

Tha HIE a' cur fàilte bhlàth air an dreachd fhoillseachadh de gach sgrìobhainn agus tha sinn toilichte an cothrom seo fhaighinn air ar beachd a thoirt mar phàirt den obair co-chomhairleachaidh poblach.

Tha sinn a' cur meal-an-naidheachd air buill agus luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig airson Plana cho farsaing agus mionaideach a chur ri chèile. Tha tarraing gu chèile agus cur ri na diofar iallan de leasachadh Gàidhlig taobh a-staigh aon fhrèam ro-innleachdail fharsaing, ag amas air a' Ghàidhlig a ghleidheadh an Alba san àm ri teachd fìor adhartach. Tha HIE a' cur meas air an stiùireadh mionaideach a chithear anns an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig, a tha a' toirt inneal feumail airson stiùireadh agus buileachadh planaichean Gàidhlig ann am buidhnean a tha a' dèiligeadh ri luchd-cleachdaidh mar lionra HIE. 'S e ceum cudromach agus clach-mhìle ann an eachdraidh leasachadh Gàidhlig a th' ann am foillseachadh gach pàipeir.

HIE agus Gàidhlig

Gun a' Ghàidhlig agus a' chultair co-cheangailte rithe, bhiodh Alba agus an saoghal san fharsaingeachd às aonais pàirt cudromach agus sònraichte den dualchas chultarach aice. 'S ann sa Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan a tha na coimhearsnachdan mu dheireadh anns a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn agus tha HIE mothachail air an fheum air na coimhearsnachdan sin a bhrosnachadh agus a neartachadh, a' dèanamh cinnteach gun cum iad suas spionnadh agus cleachdadh nàdarra a' chànain a tha a' cur ri bunait cultarach agus cànanaich sònraichte na roinne againn.

Tha HIE (agus HIDB) air a bhith a' com-pàirteachadh agus a' tasgadh ann an leasachadh Gàidhlig o chionn còrr air 25 bliadhna. Dh'ullaich HIDB an aithisg chudromach Cor na Gàidhlig, a chaidh fhoillseachadh ann an 1982, a' moladh cruthachadh a' chiad bhuidheann leasachaidh Gàidhlig sònraichte, Comunn na Gàidhlig a tha air a bhith a' strì ri reachdas fhaighinn airson a' chànain a dhìon.

Tha HIE a' tuigsinn a' phrìomh àite a tha aig a' Ghàidhlig ann an leasachadh eaconamach agus coimhearsnachd roinn HIE. Tha an Lionra a' cur an seilbh ann an leasachadh a' chànain agus a' chultair tro bhuidhnean mar Comunn na Gàidhlig, Pròiseact nan Ealan agus Fèisean nan Gàidheal. Tha sinn a' cur an seilbh gu mòr ann an Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach, agus thug sinn taic do leasachadh a' chànain gu h-ionadail tro chompanaidhean iomairt ionadail agus planaichean cànain sgìrean ionadail airson na h-Eileanan Siar agus sgìrean Inbhir Nis agus Taobh Sear na Gàidhealtachd. Tha ro-innleachd làithreach HIE, *A' Ghàidhealtachd & na h-Eileanan, Sùrdail is Soirbheachail* a' mìneachadh dealas soilleir airson tasgadh agus taic do leasachadh Gàidhlig, le mothachadh air na buannachdan eaconamach, sòisealta agus deamografach na lùib.

PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Eadar-dhealaichte ri reachdas mion-chànain ann an Catalonia, Dùthaich nam Basgach no Canada, a chleachd dòigh-obrach stèidhichte air còraichean airson reachdas cànain, bidh còraichean do luchd-labhairt Gàidhlig (mar luchd-labhairt Cuimris sa Chuimrigh) stèidhichte taobh a-staigh ionadan le uallach airson lìbhrigeadh sheirbheisean mar phàirt de na Planaichean Gàidhlig aca. Tha seo a' cur cudrom a bharrachd air leasachadh Planaichean Gàidhlig èifeachdach airson buidhnean poblach, agus tha e riatanach gum bi na Planaichean sin a' ceangal a-steach agus a' cur ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' cuideachadh ann an coileanadh nan amasan aige.

Mar sin, tha cudromachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Planaichean Gàidhlig airson buidhnean poblach, ann a bhith a' stiùireadh leasachadh a' chànain, a' gleidheadh còraichean Ghàidheil agus a' gleidheadh na Gàidhlig mar chànan a tha air a bruidhinn ann an Alba, ga dhèanamh nas cudromaiche na bha e a-riamh gun tèid beachdachadh glè chùramach a dhèanamh orra aig an ìre seo.

Bu toigh leinn beachdan farsaing a thoirt air an sgrìobhainn mar dhòigh air a' Ghàidhlig a ghleidheadh san àm ri teachd, agus an uair sin thèid sinn air adhart gu dèiligeadh ri na ceistean ann an ro-ràdh an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh poblach, a' toirt aire do amasan leasachaidh eaconamach agus coimhearsnachd Lìonra Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha beachdan deimhinneach aig a' chuid as motha den choimhearsnachd Ghàidhlig mu fhoillseachadh dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus tha sinne ag aontachadh riutha. Tha farsaingeachd a' Phlana a' sealltainn an liuthad seòrsa obair ris am feum am Plana Nàiseanta dèiligeadh agus buaidh a thoirt orra. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha na còig 'roinnean gnìomh' a thathar a' moladh de spionnadh, inbhe, foghlam, cultar agus conaltradh, agus na diofar raointean co-cheangailte ri gach roinn.

Tha sinn den bheachd gu bheil cunntas a' Phlana air cor na Gàidhlig aig an àm seo agus na dùbhlain a tha mu choinneamh a' chànain; a' comharrachadh prìomh chùisean mar cho lag 's a tha sgaoileadh eadar-ghinealach; cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh buidheann nas motha de dhaoine aig a bheil Gàidhlig mar chainnt mhàthaireil; agus am feum mòr air tuilleadh rannsachaidh domhainn agus farsaing air cleachdadh agus seasamh a' chànain, a' sealltainn fìor mhothachadh a' Bhùird air na prìomh chùisean agus dhuilgheadasan a tha mu choinneamh na Gàidhlig aig an àm seo. Tha earbsa againn ann an dealas a' Bhùird airson dèiligeadh le na dùbhlain sin.

Ged a tha cudrom soilleir air a chur air cho cudromach 's a tha tuilleadh leasachaidh air Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, seirbheis craolaidh agus ealain agus cultar na Gàidhlig, tha e math a bhith a' faicinn gu bheil Bòrd na Gàidhlig a dh'aindeoin sin a' tuigsinn cho fìor chudromach 's a tha 'spionnadh' na Gàidhlig mar chànan a tha air a bruidhinn; ag amas air neartachadh àite a' chànain anns an dachaigh, anns a' choimhearsnachd agus anns an àite-obrach ann an cumail Gàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig a' dol.

Neartachadh a' Phlana Nàiseanta

Dh'iarradh HIE na leanas a chomharrachadh mar mholaidhean airson roinnean far am faodadh am Plana Nàiseanta a bhith air a neartachadh mar sgrìobhainn 'a bhuineas dhan choimhearsnachd Ghàidhlig agus dhan choimhearsnachd Albannach gu lèir'.

- **Sealladh nas soilleire airson Gàidhlig san fhad-ùine**

Bhruidhinn Bòrd na Gàidhlig roimhe air 'sealladh 2020', gum bi 'an ùine chun a' bhliadhna 2020 deatamach ann an gleidheadh cànan agus cultar na Gàidhlig san àm ri teachd'. Chan eil am Plana Nàiseanta a' toirt iomradh air amasan sam bith nas fhaide air adhart na an fheadhainn airson 2012 (stèidhichte air toraidhean cunntas-sluaigh 2011) agus tha sinn den bheachd gur e seo taobh den Phlana Nàiseanta ris am bu chòir sealltainn a-rithist. Ged nach mair am Plana seo ach còig bliadhna, tha e ro-chudromach gum bi fiosrachadh air a thoirt do luchd-labhairt agus luchd-taic Gàidhlig mu shealladh airson a' chànain san ùine fhada aig an ìre dheatamach seo.

Mar phàirt den aithisg ùraichte *A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, Sùrdail is Soirbheachail: ro-innleachd iomairt airson na Gàidhealtachd agus nan Eilean an Alba*, mhinich HIE frèam ro-innleachdail còig-bliadhna leantainneach airson leasachadh eaconamach agus coimhearsnachd air sgìre HIE. Bha diofar amasan ro-innleachdail a' bhuidhinn air am mineachadh le prìomhachasan airson gnìomha, còmhla ri targaidean san

ùine fhada. Tha na rùintean sin airson na h-ùine fhada a' gabhail a-steach nan amasan a leanas:

- a bhith nar roinn le leth-mhillean luchd-còmhnaidh an ceann fichead bliadhna;
- mu 20,000 eile de obraichean ionann is làn-ùine a chruthachadh thar na h-ùine sin, agus
- teachd-a-steach àrdachadh mu 10-15 sa cheud'

Ged a tha iad a' coimhead àrd-mhiannach agus dùbhlach, tha na rùintean sin a' toirt beachd soilleir don luchd-obrach agus don t-sluagh san fharsaingeachd air amasan agus adhbhar an Lìonra. Tha sinn den bheachd gum biodh rùintean fad-ùine mar seo nam buannachd dha Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus do Bhòrd na Gàidhlig. Bheireadh sealladh mar seo cuideachd bunait iomchaidh do bhuidhnean poblach airson planaichean Gàidhlig brìgheil a chur ri chèile.

Ri linn cho cudromach 's a tha meudachadh àireamhan luchd-labhairt aig a bheil Gàidhlig mar chainnt mhàthaireil agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig, agus meudachadh mòr air mothachadh air dualchas na Gàidhlig air feadh Alba, mholadh sinn gum biodh na leanas air an gabhail mar thargaidean ann an sealladh 2020 airson a' Phlana Nàiseanta mar dhòigh air na h-amasan a chaidh an ainmeachadh a choileanadh:

- **20%** de shluagh na h-Alba le eòlais air dualchas cultarach agus cànanach Gàidhlig na h-Alba
- **200,000** le beagan comais ann an Gàidhlig air a labhairt no tuigse Gàidhlig air a labhairt no ann an sgrìobhadh (93,000 aig àm cunntas-sluaigh 2001)
- **20,000** luchd-labhairt Gàidhlig taobh a-staigh a' bhuidhinn aoisean 3-19 bliadhna, le **20%** aig a' char as lugha den fheadhainn aig a bheil Gàidhlig mar chainnt mhàthaireil (ag amas air coimhearsnachdan far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn fhathast le còrr air 20% den t-sluagh aig àm cunntas-sluaigh 2001)

Tha an Sealladh làithreach (td 8) airson targaideachadh prìomh roinnean mar a' Ghàidhlig mar an 'roghainn cànan' le meudachadh anns an àireamh 'aig a bheil i mar chainnt mhàthaireil' agus le 'cultar beothail' ionmholta, ach tha buaidh nan amasan sin, agus gu h-àraidh a' bhuidhinn fhaicsinneach air a mhilleadh aig an earrann a tha air a cur an dèidh seo. Tha e iomchaidh gur e Plana a th' ann 'nach eil a' moladh lùghdachadh sam bith ann an inbhe no taic do chànanan eile ann an Alba, dùthchasach no in-imriche' agus 'a tha a' cur Gàidhlig mar ro-theachdair air mothachadh is tuigse nas àirde air a' mheasgachadh ioma-chànain a bha 's a tha ann an Alba' agus tha sinn ag aontachadh riutha sin, ach tha an dòigh anns a bheil iad air an cur an cèill an seo, beagan eadar-dhealaichte ri na briathran san t-sealladh.

• **Feumaidh am Plana a bhith nas fhasa a thuigsinn**

Tha seo co-cheangailte ris an nota againn roimhe air meud, raon agus nàdar an sgrìobhainn seo. Tha an saothair a dh'fheumar airson leughadh, tuigsinn agus an uair sin beachd air a' phàipear, ann fhèin na dhuilgheadas oir, le 57 duilleagan (gun a bhith a' gabhail a-steach na ceithir eàrr-sgrìobhaidhean), 's dòcha gu bheil am pàipear ro fhada agus ro ioma-fhillte airson gum 'buineadh' e ann an dòigh bhrìgheil. Mura gabh am Plana Nàiseanta a ghiorrachadh gu mòr, agus 's dòcha nach gabh, bu chòir tionndadh nas giorra agus nas sìmplidh a dhèanamh, le teachdaireachd nas soilleire agus nas pongaile agus 's dòcha le molaidhean airson ciamar a dh'fhaodadh daoine fa leth taic a thoirt do na h-amasan aige.

'S dòcha gur e stoidhle agus giorrad an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig (a tha na phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig) teamplaid nas fheàrr airson a' Phlana Nàiseanta san fharsaingeachd.

• **Cudrom a bharrachd air cothroman eaconamach**

Tha cuid den bheachd gu bheil ìomhaigh mì-fhortanach aig a' Ghàidhlig a thaobh a bhith a' sireadh suimean neo-chothromach agus ro mhòr às an sporan poblach. Ged a tha e

cudromach a bhith ag àrdachadh mothachadh air dualchas na Gàidhlig mar dhòigh air cur an aghaidh beachdan mar sin, tha e cudromach cuideachd gum faicear gu bheil a' Ghàidhlig a' cur ri adhartas eaconamach na h-Alba.

Tha HIE a' cur an seilbh barrachd sa Ghàidhlig tron raon leasachadh sòisealta aige, tha mothachadh a' fàs taobh a-staigh an Lìonra air comas cànan agus cultar na Gàidhlig mar mhaoin shònraichte agus luachmhor don Ghàidhealtachd agus Innse Gall, a' toirt buaidh nas motha air leasachadh eaconamach na roinne agus na h-Alba san fharsaingeachd.

Tha am Plana Nàiseanta a' toirt beagan àite do chothroman eaconamach a dh'fhaodadh a bhith air an tabhann tro thuilleadh leasachaidh air a' chànan agus a' chultar; gu h-àraidh anns an 'roinn gnìomh' conaltradh, ach 's e roinn a th' ann an seo far am feum buaidh nas motha a bhith aig a' Ghàidhlig agus mar sin gum faicear nach eil i an urra cho mòr ri maoineachadh poblach san fhad-ùine.

Bu chòir dha Bòrd na Gàidhlig beachdachadh air roinn gnìomh no raon a tha a' ceangal ri cothroman air leasachadh eaconamach a bhuineas don chànan agus dè an obair malairt a thigeadh às an seo. Tha cothrom, mar eisimpleir, air tuilleadh leasachaidh air craoladh Gàidhlig, leasachadh air stuthan ionnsachaidh Gàidhlig, no cruthachadh stuthan no seirbheisean dualchais no sloinntearachd mar phàirt de ghnìomhachas turasachd cultarach a tha a' leudachadh. Dh'fhaodadh seirbheisean cùram-chloinne sònraichte a bhith air an libhrigeadh tron Ghàidhlig cuideachd. Dh'fhaodadh Bòrd na Gàidhlig feuchainn ri com-pàirteachasan beothail a dhèanamh ri Lìonra(idhean) Iomairt agus buidhnean mar fòrman eaconamach ionadail, agus buidhnean a' riochdachadh gnìomhachas prìobhaideach ann an gluasad air adhart nan amasan sin.

- **Feum air tuilleadh rannsachaidh**

Ged a tha àireamhan cunntas-sluaigh nàiseanta feumail airson fiosrachadh fhaighinn air na h-ìrean comais iomlan anns a' chànan, tha e air leth cudromach gun dèan Bòrd na Gàidhlig rannsachadh gus faighinn a-mach fìor shuidheachadh bunaiteach na Gàidhlig mar chànan a tha air a bruidhinn anns a' choimhearsnachd agus anns an dachaigh. Bu chòir don Bhòrd coimhead ri prìomhachas a thoirt do rannsachadh air Gàidhlig mar chiad chànan (agus na rudan a tha a' toirt buaidh air togail na Gàidhlig mar chainnt mhàthaireil), agus neart sgaoileadh eadar-ghinealach a' chànan. Chuireadh sinn cudrom air an fhìor fheum air rannsachadh bheachd anns a h-uile raon agus suidheachadh anns a bheil an cànan air a chleachdadh.

Feumar rannsachadh susbainteach a dhèanamh cuideachd air na tha a' Ghàidhlig a' cur ri leasachadh eaconamach agus sòisealta na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus na h-Alba san fharsaingeachd.

Freagairtean ri ceistean anns an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh

1. A bheil sibh ag aontachadh leis an lèirsinn a tha anns an dreachd Plana?

Tha sinn air seo a fhreagairt roimhe. Ged a bheireadh sinn taic don lèirsinn san dreachd Plana, saoilidh sinn gum bu chòir neartachadh brìgheil a dhèanamh air an lèirsinn seo.

2. Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, a bheil na pròiseactan roinneil a thathar a' moladh riatanach airson coinneachadh ri amasan na roinn gnìomh airson 2012? Mura h-eil, ciamar nach eil?

'S e na pròiseactan roinneil a thathar a' moladh sa Phlana, gu h-àraidh an fheadhainn ag amas air 'rannsachadh, sgaoileadh agus buileachadh ro-innleachdan airson Gàidhlig a thogail agus a chleachdadh san dachaigh, sa choimhearsnachd agus san àite-obrach' agus 'adhartachadh taic choimhearsnachd agus eile do Ghàidhlig mar chiad chànan tro phlanaichean cànan

coimhearsnachd agus iomairtean eile' feadhainn ris a bheil sinn ag aontachadh agus tha sinn a' cur ìmpidh air Bòrd na Gàidhlig prìomhachas a thoirt dhaibh.

O chionn ghoirid tha lionra HIE fhèin air taic a thoirt do phròiseactan mar am pròiseact Plana Cànain Teaghlach air a ruith le CNSA a sheall ri taic a thoirt do thogail na Gàidhlig mar a' chiad chànan tro thaic dha pàrantan chloinne òga. Tha companaidhean iomairt ionadail HIE air taic a thoirt agus cuideachd stiùireadh a thoirt ann an leasachadh planaichean Gàidhlig ionadail. Bha leasachadh agus buileachadh tuilleadh Phlanaichean Gàidhlig sna sgìrean ionadail air a mhìneachadh mar phrìomh mholadh ann am Poileasaidh Corporra HIE air Gàidhlig a bha air aontachadh sa Mhàrt 2006.

Tha sinn den bheachd gur dòcha gu bheil an dòigh anns a bheil na molaidhean sin airson pròiseactan roinneil air an cur sa Phlana Nàiseanta caran doirbh a thuigsinn ri linn mar a tha iad air leth bho na diofar raointean, builean agus prìomhachasan, agus bhon liosta eile de phròiseactan air an ainmeachadh ann an Eàrr-sgrìobhadh 1. 'S dòcha gum biodh e na bhuannachd nam biodh na diofar pròiseactan roinneil air an tarraing gu chèile ann an aon earrann faisg air toiseach a' phàipeir.

3. A bheil na builean airson an fhichead raon agus na prìomhachasan airson dèiligeadh leotha air am mìneachadh gu ceart agus ann an òrdan freagarrach? Mura h-eil, ciamar nach eil?

'S e na builean a tha air an ainmeachadh mu choinneamh nan diofar raointean feadhainn dhan toireadh sinn taic. Ach, uaireannan tha iad neo-shoilleir, agus 's dòcha gum bi cuid dhiubh doirbh an tomhas, mar eisimpleir, a' bhuil co-cheangailte ri raon 'taic', fon roinn gnìomh 'inbhe', ag iarraidh 'meudachadh ann an làthaireachd na Gàidhlig anns an àrainneachd shòisealta'.

A thaobh nam prìomhachasan fhèin, chan eil gearan againn mun fheadhainn a tha air an ainmeachadh, ach dìreach gu bheil cus dhiubh ann. Tha 120 prìomhachasan anns a' Phlana, gun a bhith a' gabhail a-steach na 85 prìomh ghnìomhan air an ainmeachadh anns an Roinneachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig.

Tha sinn toilichte gun deach oidhirp a dhèanamh air an liosta phrìomhachasan seo a chur an òrdugh ceart (aig trà ìrean) taobh a-staigh an liosta seo, ach a dh'aindeoin sin bhiodh e gu buannachd a' Phlana nam biodh oidhirp air a dhèanamh air an àireamh de phrìomhachasan a ghearradh sìos. Bhiodh e gu buannachd a' Phlana cuideachd nam biodh na prìomhachasan sin air an cur an òrdugh a rèir prìomhachasan geàrr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine.

4. Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, dè na pròiseactan a tha, nur beachd-sa, riatanach gus na prìomhachasan sin a choileanadh?

Tha sinne den bheachd gum bu chòir prìomhachas a thoirt dha na pròiseactan sin a tha ag amas air dèanamh cinnteach gun cùm a' Ghàidhlig a' dol mar chànan a tha air a bruidhinn sa choimhearsnachd, pròiseactan a dh'fhaodadh mothachadh àrdachadh air cànan agus dualchas Gàidhlig agus le prìomhachas cuideachd air a thoirt do phròiseactan a dh'fhaodadh taic a thoirt do leasachadh an eaconamaidh Gàidhlig agus na tha a' Ghàidhlig a' cur ris an eaconamaidh roinneil agus nàiseanta.

5. An iad na buidhnean freagarrach a tha air an comharrachadh mar phrìomh bhuidhnean ann an coileanadh nam prìomhachasan sin?

Ged a tha sinn a' tuigsinn a' bhun-bheachd airson comharrachadh Prìomh Bhuidhnean, oir tha na buidhnean air an ainmeachadh fo gach raon ag obrachadh taobh a-staigh nan raointean sin, tha sinn den bheachd gum faod comharrachadh agus gabhail a-steach nam Prìomh Bhuidhnean sin san dòigh seo leantainn gu bacadh air oidhirp agus obair bho bhuidhnean nach eil air an ainmeachadh ann an roinnean gnìomh sònraichte. 'S dòcha gum biodh e na b' fheumaile liosta a thoirt de na buidhnean poblach aig am bi am pàirt as motha ann an

coileanadh fo gach Roinn Gnìomh, agus an àite liosta de Phrìomh Bhuidhnean, pròiseactan le prìomhachas ainmeachadh fo gach raon.

6. Ma tha sibh a' freagairt às leth buidhinn, ciamar a tha sibh gur faicinn fhèin a' cur ri soirbheachd a' Phlana Nàiseanta?

Tro bhith a' daingneachadh don mhòr-shluagh gu bheil dearbh-aithne Gàidhlig againn cho math ri dearbh-aithne Beurla. Tro bhith a' fighe leasachadh Gàidhlig a-steach nas motha ann an obrachadh aonadan gnìomhachais HIE, gu h-àraidh na Companaidhean Iomairt Ionadail.

Gus amasan a' Phlana a choileanadh, tha sinn den bheachd gu bheil e riatanach gum feuch Bòrd na Gàidhlig ri co-obrachadh làidir a thogail eadar prìomh dhaoine agus buidhnean sna choimhearsnachdan. The lìonra HIE, tro na ceanglaichean dìreach ri riaghaltas, gnìomhachas agus coimhearsnachdan ann an suidheachadh làidir airson structaran taice a chruthachadh trom faigh a' Ghàidhlig air soirbheachadh mar chànan. Bhiodh sinn airson seo a dhèanamh ann an com-pàirteachas leis a' Bhòrd.

Mar phàirt de raon-obrach HIE airson Neartachadh Choimhearsnachdan anns a' Ghàidhealtachd & Na h-Eileanan, tha HIE air na leanas a chomharrachadh mar phrìomh-amas gnìomha ann an 'cur ri dualchas nàdarra agus cultarach':

- Neartachadh na Gàidhlig tro chudrom air daoine òga, craoladh, turasachd cultarach agus na h-ealain.

Ri linn obair agus dealas ro-innleachdail HIE ann an adhartachadh na Gàidhlig, tha e cinnteach gum bi lìonra HIE a' com-pàirteachadh sa Phlana Nàiseanta agus a' cuideachadh ann a bhith ga choileanadh. Bu chòir dhuinn dèanamh soilleir gum bi obair HIE a thaobh leasachadh Gàidhlig air a stiùireadh leis a' phàirt deimhinneach a tha sinn a' creidsinn a tha aig Gàidhlig ann a bhith a' toirt taic dha beatha shòisealta agus eaconamach na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha àite Dreuchdan Alba, mar phàirt de lìonra HIE taobh a-staigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, a' cur diofar thaobhan ri obair an Lìonra a tha a' toirt buaidh air leasachadh a' chànan tron roinn foghlaim. Thug Dreuchdan Alba àite do chomas a' bhuidhinn ann an adhartachadh luach na Gàidhlig mar roghainn dreuchd no mar phrìomh phàirt de sgilean dhaoine fa leth. Tha Dreuchdan Alba air a chomharrachadh fo roinn gnìomh 'solar is trusadh luchd-teagaisg' co-cheangailte ri 'barrachd amais air dreuchdan teagaisg Gàidhlig le Dreuchdan Alba'. O chionn ghoirid thòisich Dreuchdan Alba a' còmhradh ri Bòrd na Gàidhlig agus com-pàirtichean eile mu thuilleadh co-obrachaidh leis an roinn teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha Dreuchdan Alba cuideachd an-dràsta a' leasachadh a seirbheis dhan roinn foghlam Gàidhlig, a' toirt cothrom air diofar ghoireasan tron Ghàidhlig.

STIÙIREADH AIR PLANAICHEAN GÀIDHLIG

O chionn ghoirid chuir HIE aonta ri Poileasaidh Corporra air Gàidhlig airson lìonra HIE. Tha am Poileasaidh seo a' feuchainn ri 'iomhaigh na Gàidhlig àrdachadh' agus 'dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd' le molaidhean airson gnìomh.

A thaobh seo, tha teamplaid aig HIE a dh'fhaodadh buileachadh Plana Gàidhlig airson lìonra HIE a stiùireadh, ach bidh seo a rèir tuilleadh treòrachaidh agus comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig.

Tha an Stiùireadh a' toirt molaidhean feumail agus tha sinn a' cur meas gu h-àraidh air Bòrd na Gàidhlig a bhith ag ainmeachadh nam prìomh sgìrean a bhios air an gabhail a-steach sna Planaichean Gàidhlig mar a' Ghàidhealtachd agus Innse Gall an àite a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. Tha sinn a' cur meas cuideachd air an t-soilleireachadh a thaobh soidhnichean dà-chànanach agus ainmeachadh airson buidhnean poblach.

Tha beagan eileamaidean den Stiùireadh ris am faodadh coimhead a-rithist gus dèanamh cinnteach gun obraich e nas fheàrr mar sgrìobhainn stiùiridh agus cuideachd mar sgrìobhainn

fiosrachaidh dha na daoine a bhios a' dreachdadh agus a' buileachadh Planaichean Gàidhlig airson buidhnean poblach.

Feumaidh daoine earrann mhòr den sgrìobhainn seo a leughadh mus bi iad buileach soilleir mun rùn aige agus dè th' ann am Plana Gàidhlig agus dè bhios buileachadh nam Planaichean sin a' ciallachadh ann an cleachdadh. Tha e doirbh cuideachd an clàr-ama a leantainn airson Plana a chur a-steach airson aonta Bòrd na Gàidhlig.

'S dòcha gum bi e feumail an Stiùireadh a dhèanamh nas soilleire ann an suidheachadh molaidhean sònraichte airson buidhnean poblach a' dèiligeadh ri sgìrean àraidh, a' toirt àite dha obair a' bhuidhinn. Chan eil e furasta coimeas a dhèanamh eadar riatanasan airson ùghdarras ionadail agus mar sin an t-uallach airson diofar sheirbheisean a lìbhrigeadh (a' gabhail a-steach foghlam) air Ghàidhealtachd agus/no an Innse Gall agus riatanasan bhuidhnean mar Riaghaltas na h-Alba no Pàrlamaid na h-Alba, mar eisimpleir.

Tha HIE toilichte an cothrom seo fhaighinn air am beachdan a thoirt seachad air dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an dreachd Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig. Tha sinn an dòchas gum bi na beachdan againn nan cuideachadh ann an coileanadh nan amasan a bhith a' toirt seasmhachd dhan chànan san àm ri teachd.